

Litir do Luchd-Ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

*A special programme, in the form of a “letter”, written and compiled by Roddy Maclean, and specifically aimed at Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Roddy can be contacted by e-mail at roddy.maclean@bbc.co.uk **

Shaoileadh sibh gum biodh an deasbad seachad ann an Alba, ach chan eil e. Ged a chaidh a rèiteach o chionn fhada ann an Eirinn agus a’ Chuimrigh, tha feadhainn fhathast dhen bheachd, anns an dùthaich seo, nach bu chòir soighnichean-rathaid dà-chànanach a bhith ann. Tha sin fìor fiù ’s air tìr-mòr na Gaidhealtachd, far a bheil a’ chuid as motha de na h-ainmean-àite air tighinn bhon Ghàidhlig.

Tha e coltach gu bheil cuid de sheirbheisich-chatharra, mar a chanas iad, dhen bheachd gur e cànan cunnartach a th’ anns a’ Ghàidhlig. Neo co-dhiù gum biodh soighnichean-rathaid le Gàidhlig orra cunnartach. Cha bhiodh fios aig dràibhearann ca’ robh iad a’ dol, agus bhiodh barrachd thubaistean ann air sàilleabh sin. Chan fhaca mi fianais sam bith a-riamh gu robh barrachd thubaistean anns a’ Chuimrigh neo ann an Eirinn air sgàth nan soighnichean dà-chànanach acasan, ach feumaidh gu bheil fios a bharrachd air a’ ghnothach aig na seirbheisich-chatharra na th’ agam-sa. Neo rudeigin.

Far a bheil mi a’ fuireach, ann an Inbhir Nis, tha cunnart ann gun caill sinn cuid de sheann dualchas a’ bhaile air sgàth ’s nach eil Gàidhlig air na soighnichean. Nuair a tha sanas ann am Beurla a-mhàin, tha e furasta an dreach ceàrr a chur air, agus a’ chiall a bh’ aige bho thùs a chall.

Mar eisimpleir, air taobh siar Abhainn Nis, chìthear soighnichean, airson sgìre bheag, air a bheil “L-E-A-C-H-K-I-N”. Nise, ciamar a chanadh sibh sin, nan robh sibh air ùr-thighinn a dh’ fhuireach ann an Inbhir Nis? “Leetch-kin”, ’s dòcha? “Letch-kin”? Neo “Leechkin”, neo “Lechkin”? Uill, ’s e an fhìrinn a th’ ann gu bheil mòran, nach eil comasach air “ch” a ràdh, air tòiseachadh air “Larkin” a ghabhail air. Larkin!

’S e a’ Ghàidhlig a th’ air an àite – *an Leacann* – agus, nan robh sin air na soighnichean, bhiodh fios aig barrachd dhen t-sluagh ciamar a chanadh iad ainm an àite. Agus chìtheadh iad gu bheil an t-ainm a’ ciallachadh rudeigin. Seo na chanas faclair Dwelly mu dheidhinn – *leacann: the broad slope of a hill*. Agus ’s e sin dìreach a th’ ann.

Faisg air an Leacainn, tha ceàrnaidh ann ris an canar “Dalneigh” ann am Beurla. “D-A-L-N-E-I-G-H”. Ann an Gàidhlig, ’s e *Dail an Eich* a th’ air, agus nach eil sin a’ ciallachadh rudeigin? Ann am Beurla, ’s e “Dalneich” a bh’ air na mapaichean an toiseach, agus ’s e sin a chanadh muinntir an àite, fiù ’s nuair a chaill iad an cuid Gàidhlig. Ach chaidh atharrachadh air na mapaichean, bho “ch” aig deireadh an ainm gu “gh”, airson adhbhar air choreigin, agus ’s e “Dalneigh” a chanas a’ chuid mhòr an-diugh.

Tha mòran eisimpleirean eile ann mar sin, ann am mòran sgìrean, a tha a' sealltainn cho truagh 's a tha suidheachadh, ann an dùthaich dhà-chànanach, far nach eil na soighnichean ach aona-chànanach, agus iad sin ann an cànan nach do bhuin don dùthaich o shean. Fàgaidh mi sibh le smuain air *Cinn a' Ghiuthsaich* – baile ann am Bàideanach. Tha *giuthas* a' ciallachadh “Scots pine”, tha *giuthsach* a' ciallachadh “pine wood”, agus tha *Cinn* (neo *Ceann*) a' *Ghiuthsaich* a' ciallachadh “the end of the pine wood”.

Ach nuair a chaidh dreach Beurla a chur air – “Kingussie” - chaidh a litreachadh K-I-N-G-U-S-S-I-E. Dh'fhàg iad an “g” ann air sgàth 's gu bheil “g” ann an “giuthsach”. Uill, bha mi aig Stèisean a Haymarket ann an Dùn Eideann an-uiridh nuair a chuala mi fear-aithris ag innse dhuinn ainmean nan stèiseanan air am biodh an trèana a dh'Inbhir Nis a' tadhal. *Perth, Pitlochry, Newtonmore, Kin-GUSS-ie...* Cha chàn mi an còrr!

* * *

Faclan na seachdaine: a' Chuimrigh: *Wales*; soighichean-rathaid, sanasan-rathaid: *roadsigns*; dà-chànanach: *bilingual*; seirbheisich-chatharra: *civil servants*; Bàideanach: *Badenoch*.

Abairtean na seachdaine: shaoileadh sibh gum biodh an deasbad seachad: *you'd think the debate would be over*; ged a chaidh a rèiteach (or a rèiteachadh) o chionn fhada: *although it was settled (reconciled) a long time ago*; tha e furasta an dreach ceàrr a chur air: *it is easy to put the wrong appearance, form on it (eg changing Leacann to Leachkin!)*; chithear soighnichean: *signs are seen*; bhiodh fios aig barrachd dhen t-sluagh ciamar a chanadh iad ainm an àite: *more people would know how to say the name of the place*; chitheadh iad gu bheil an t-ainm a' ciallachadh rudeigin: *they would see that the name means something*; Dail an Eich: (*lit.*) *the field of the horse*; fiù 's nuair a chaill iad an cuid Gàidhlig: *even when they lost their Gaelic*; airson adhbhar air choreigin: *for some reason or another*; nach do bhuin don dùthaich o shean: *which did not belong to the country historically*; air am biodh an trèana a dh'Inbhir Nis a' tadhal: *which the train to Inverness would be visiting (en route)*; cha chan mi an còrr: *I'll say no more*.

Puing ghràmair na seachdaine: bha mi ann an Dùn Eideann an-uiridh: *I was in Edinburgh last year. Do you sometimes get tempted to say “a' bhliadhna 's a chaidh” for “last year”?* Try to remember the special phrase an-uiridh, which is very old but nevertheless remains the standard and universal term in the Gaelic world. The trouble with “a' bhliadhna 's a chaidh” is that it is somewhat ambiguous; the listener may interpret it as meaning “the twelve months preceding this point in time” rather than “the previous calendar year” which is the meaning of “an-uiridh”. If you want to say “during the last year” ie over the last twelve months, regardless of where we are in the calendar, the best phrase is “anns a' bhliadhna a dh'fhalbh”, although you will also hear “anns a' bhliadhna a chaidh”. If you are looking back to a past event and you want to say “during the year prior to that”, the best phrase is “anns a' bhliadhna roimhe sin” (ie in the year before that).

Gnàths-cainnt na seachdaine: air sàilleabh sin: *because of that. This is one of the many phrases in Gaelic which may be equivalent to “because” in English. In some places, the terminal “bh” is pronounced as a “v”, in others there is no consonantal sound at all. In a few places, eg Barra, you will hear “air tàilleabh”, with a “t” replacing the “s”.*

* “*Litir do Luchd-Ionnsachaidh*” is funded by Comataidh Craolaidh Gàidhlig